

Tha e math a bhith beò – Activity

Inbheach agus leanabh

Seasaibh mu choinneamh a chèile, le rùm gu leòr agaibh airson gluasad timcheall. Can ris an leanabh ‘Dèan thusa mar a tha mise a’ dèanamh’. Comharraich na pàirtean de bhodhaig nuair a sheinneas tu mun deidhinn. Ruith air làrach nam bonn nuair a sheinneas tu ‘ruith luath le mo chasan’ agus ‘ruith còmhla rinn an seo’. Cuir an ìre gu bheil thu a’ sreap nuair a sheinneas tu ‘sreap suas’. Nuair a sheinneas tu an t-sèist, cuir làmhan an leanabh eadar do làmhan fhèin agus buailibh ur làmhan còmhla far am faic thu ‘clap, clap’.

Adult and child

Stand up facing your child with enough room to move around. Point to the different parts of your body as you sing about them. Run on the spot when you sing ‘ruith luath le mo chasan’ and ‘Ruith còmhla rinn an seo’. Pretend to climb when you sing ‘sreap suas’. During the chorus clap your own hands with your child’s hands where you see ‘Clap, clap’.

Gnìomh buidhne

Gabhaibh an t-òran agus comharraichibh na pàirtean de ur bodhaig. Ruith air làrach nam bonn nuair a ruigeas sibh an loidhne ‘Ruith còmhla rinn an seo’ agus cumaibh oirbh a’ seinn.

Faighnich don chloinn an urrainn dhaibh buille an cridhe fhaireachdainn. Mìnich gu bheil buille an cridhe coltach ri buille a’ chiùil agus gum faod e a bhith luath no slaodach.

Gabhaibh an t-òran a-rithist, an dà chuid gu luath agus gu slaodach.

Gabhaibh an t-òran a-rithist agus feuchaibh ri buille an òrain a chumail le bhith a’ bualadh ur boisean no a’ bunsaigeadh ball.

Group Activity

Sing the song and point to the different parts of your body. Run on the spot when you get to the line ‘Ruith còmhla rinn an seo’ and continue singing.

Ask the children if they can feel their heart beating. Explain that the heart beat is like the beat/pulse in music and it can be fast or slow.

Repeat the song in a fast and slow tempo.

Sing the song again and try to keep the beat of the song by clapping hands or bouncing

Tha damhan-allaidh a' dannsa - Activity

Inbheach agus leanabh

Suidhidh sibh air an làr. Can ris an leanabh, “Dèan thusa mar a tha mise a’ dèanamh.” Gluais do chorragan a-null ’s a-nall mar dhamhan-allaidh a tha a’ dannsa, ris an òran.

Gnog do chorragan air an làr nuair a tha sibh a’ seinn ‘a’ dannsa air an làr’.

Gluais do chorragan a-null ’s a-nall air casan an leanabh nuair a tha sibh a’ seinn ‘a’ dannsa air do chas’, agus diogalaich ceann an leanabh nuair a tha sibh a’ seinn ‘a’ dannsa air do cheann’

Adult and child

Sit on the floor and wiggle your fingers like a dancing spider in time to the song.

Tap the floor with your fingers in the last line as you sing ‘a’ dannsa air an làr’.

Take turns to wiggle your fingers on each other’s feet as you sing ‘a’ dannsa air do chas’ and tickle each other’s heads as you sing ‘a’ dannsa air do cheann’.

Gnìomh buidhne

Bu chòir gach leanabh seasamh ann an cearcall is rùm gu leòr aca airson gluasad timcheall. Can riutha, “Dèanaibh mar a tha mise a’ dèanamh.”

Gluais do ghàirdeanan agus do chasan ris a’ cheòl, a’ dèanamh cheummannan fhad ’s a tha thu a’ gluasad do ghàirdeanan mud cheann. Bidh spòrs agad a’ sìneadh agus a’ gluasad timcheall mar dhamhan-allaidh a tha a’ dannsa.

Dèan sgrìob sìos ris an làr agus gnog an t-ùrlar le do làmhan nuair a tha sibh a’ seinn ‘a’ dannsa air an làr’. Gnog do chasan le do làmhan nuair a tha sibh a’ seinn ‘a’ dannsa air do chas’ agus gnog do cheann nuair a tha sibh a’ seinn ‘a’ dannsa air do cheann’.

Group Activity

Each child should stand in a circle with enough space to move around. Move your limbs in time to the music, stepping in time with your feet as you move your arms around your head. Have fun stretching and moving around like a dancing spider.

Sweep down to the floor and tap the floor with your hands as you sing ‘a’ dannsa air an làr’. Tap your feet with your hands as you sing ‘a’ dannsa air do chas’, and tap your head as you sing ‘a’ dannsa air do cheann’.

Dè theid air mo cheann? - Activity

Inbheach agus leanabh

Seas mu choinneamh an leanaibh. Can ris an leanabh, “Dèan mar a tha mise a’ dèanamh”.

Le gluasadan mòra dèan gnogadh socair air do cheann ris a’ cheòl nuair a tha sibh a’ seinn ‘Dè theid air mo cheann?’ Coisich air làrach nam bonn, a’ cur do ghàirdeanan air ais ‘s air adhart, nuair a tha sibh a’ seinn ‘Mus falbh mi sa mhadainn’.

Cuir an ìre gu bheil thu a’ cur bonaid air do cheann nuair a tha sibh a’ seinn ‘bonaid air mo cheann’. Nuair a tha sibh a’ seinn ‘brògan air mo chasan’, cuir an ìre gu bheil thu a’ cur ort do bhrògan. Cuir an ìre gu bheil thu a’ cur ort do chòta nuair a tha sibh a’ seinn ‘seacaid agus còt’. Mu dheireadh, coisich air làrach nam bonn, a’ cur do ghàirdeanan air ais ‘s air adhart, nuair a tha sibh a’ seinn ‘Mus falbh mi sa mhadainn’.

Adult and child

Stand facing your child. Make big actions as you tap your head in time to the music singing ‘Dè theid air mo cheann?’ Walk on the spot swinging your arms backwards and forwards as you sing ‘Mus falbh mi sa mhadainn’.

Pretend to place a bonnet on your head as you sing ‘bonaid air mo cheann’. When you sing ‘brògan air mo chasan’ pretend to put on your shoes. Pretend to put on your coat as you sing ‘seacaid agus còt’. Finish by walking on the spot swinging your arms backwards and forwards as you sing ‘Mus falbh mi sa mhadainn’.

Gnìomh buidhne

Suidhidh sibh ann an cearcall air an làr ‘s ur casan a’ sìneadh a-steach dhan mheadhan.

Seinnidh sibh an t-òran agus cuiridh sibh a’ bhonaid timcheall na buidhne ris a’ cheòl nuair a tha sibh a’ seinn. Nuair a ruigeas sibh an loidhne ‘bonaid air mo cheann’ cuiridh an leanabh aig a bheil a’ bhonaid air an ceann i. Nuair a sheinneas sibh ‘brògan air mo chasan’ cuiridh a h-uile duine sa bhuidheann an ìre gu bheil iad a’ cur orra am brògan. Bu chòir a h-uile duine cur an ìre gu bheil iad a’ cur orra an còta nuair a tha sibh a’ seinn ‘seacaid agus còt’.

Gabhaibh an t-òran a-rithist bhon toiseach, a’ cur na h-aid timcheall ris a’ cheòl. Leanaibh an aon stiùireadh an turas seo cuideachd.

Group Activity

Sit in a circle on the floor with your feet stretched out towards the middle.

Sing the song and pass a hat round the group as you sing in time to the music. When you reach the line ‘bonaid air mo cheann’ the child holding the hat should place it on their head. When you sing ‘brògan air mo chasan’ everyone should pretend to put on their shoes. Everyone should pretend to put on their coat as you sing ‘seacaid agus còt’.

Begin singing the song again from the start, passing the hat in time to the music. Follow the instructions as before.

Dè chì mi le mo shùil - Activity

Inbheach agus leanabh

Èistibh ris an òran fhad 's a tha sibh ga sheinn. Tarraingibh dealbh de ghàrradh còmhla. Cuiribh dathan soilleir air. Smaoinichibh air na beathaichean, na flùraichean, na craobhan, na lusan agus a' ghlasraich a chitheadh sibh ann. Cia mheud as urrainn dhuibh ainmeachadh sa Ghàidhlig? Dè na dathan as urrainn dhuibh ainmeachadh sa Ghàidhlig?

Adult and child

Listen and sing along with the song. Draw a picture together of a garden. Colour it brightly. Think of the type of animals, flowers, trees, plants and vegetables you might see. How many can you name in Gaelic? Which colours can you name in Gaelic?

Gnìomh buidhne

Dèanaibh cearcall. Seinnidh an t-inbheach a' cheist agus seinnidh a' chlann am freagairt. Dèanaibh seo corra thuras mus faighnich thu do leanabh a bheil e/i airson a' cheist a sheinn 's càch a' seinn an fhreagairt. Brosnaich nas urrainn dhut de chlann turas a ghabhail a' seinn na ceist.

Group Activity

Make a circle. The adult sings the question and the group sings the answer. Repeat this a few times then ask if a child would like to sing the question with everyone else singing the answer. Encourage as many children as possible to have a go at singing the question.

Cuir do làmhan air do cheann – Activity

Inbheach agus leanabh

Can ris an leanabh, “Dèan thusa mar a tha mise a’ dèanamh”. Èist agus lean na faclan a’ dèanamh ghluasadan mòra mar a tha thu a’ seinn. Cuir làmh às dèidh làimh air do cheann ann an tìm ris a’ cheòl airson ‘Cuir do làmhan air do cheann’. Cuir làmh às dèidh làimh gu do chùlaibh ann an tìm ris a’ cheòl airson ‘Cuir do làmhan gu do chùlaibh’.

Seas air do chorra-biod, cho àrd ’s as urrainn dhut airson ‘Air do chasan seas an-àird’. Tionndaidh timcheall airson ‘Siuthad a-nise, cuir car’. Suidh sìos agus dùin do shùilean airson ‘Suidh a-nis, ’s dùin do shùilean’.

Adult and child

Listen and follow the words of the song making big actions as you do so. Place one hand at a time onto your head in time to the music for ‘Cuir do làmhan air do cheann’. Place one hand at a time behind your back in time to the music for ‘Cuir do làmhan gu do chùlaibh’. Stand on your tiptoes as high as you can for ‘Air do chasan seas an-àird’. Turn around for ‘Siuthad a-nise, cuir car’. Sit down and close your eyes for ‘Suidh a-nis ’s dùin do shùilean’.

Gnìomh buidhne

Can ris a’ chloinn, “Èistibh ris an òran agus dèanaibh mar a tha mise a’ dèanamh”. Dèan gluasadan mòra a tha a’ freagairt air na faclan. Cuir làmh às dèidh làimh air do cheann ann an tìm ris a’ cheòl airson ‘Cuir do làmhan air do cheann’. Cuir làmh às dèidh làimh gu do chùlaibh ann an tìm ris a’ cheòl airson ‘Cuir do làmhan gu do chùlaibh’. Seas air do chorra-biod, cho àrd ’s as urrainn dhut airson ‘Air do chasan seas an-àird’. Tionndaidh timcheall airson ‘Siuthad a-nise, cuir car’. Suidh sìos agus dùin do shùilean airson ‘Suidh a-nis, ’s dùin do shùilean’.

Group Activity

Listen and follow the words of the song making big actions as you do so. Place one hand at a time onto your head in time to the music for ‘Cuir do làmhan air do cheann’. Place one hand at a time behind your back in time to the music for ‘Cuir do làmhan gu do chùlaibh’. Stand on your tiptoes as high as you can for ‘Air do chasan seas an-àird’. Turn around for ‘Siuthad a-nise, cuir car’. Sit down and close your eyes for ‘Suidh a-nis ’s dùin do shùilean’.

Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)

Cluasan, sùilean, sròn is beul - Activity

Inbheach agus leanabh

Suidhidh sibh mu choinneamh a chèile. Can ris an leanabh, “Dèan thusa mar a tha mise a’ dèanamh”.

Èist ri faclan an òrain agus thoir gnogadh beag dha na diofar phàirtean dhed aodann nuair a tha sibh a’ seinn mun deidhinn. Gnog air mullach do chinn ris a’ cheòl nuair a tha sibh a’ seinn ‘An ceann a h-uile creutair’.

Nuair a sheinneas sibh ‘corrag bheag is òrdag mhòr’, cùm suas do làmhan agus sgaoil a-mach do chorragan. Gnog do lùdag ri lùdag an leanabh gach uair a sheinneas sibh ‘corrag bheag’ agus gnogaibh òrdagan a chèile nuair a tha sibh a’ seinn ‘òrdag mhòr’.

Gluais do chorragan gu lèir a-null ’s a-nall san adhar nuair a tha sibh a’ seinn ‘Air làimh a h-uile creutair’.

Adult and child

Sit and face each other. Listen and follow the words of the song, gently patting the parts of your face as you sing about them. Tap the top of your head in time to the music as you sing ‘An ceann a h-uile creutair’.

When you sing ‘corrag bheag is òrdag mhòr’, hold your hands up and spread out your fingers. Tap your little finger with your child’s little finger each time you sing ‘corrag bheag’ and tap your thumbs with each other as you sing ‘òrdag mhòr’.

Wiggle all your fingers in the air as you sing ‘Air làimh a h-uile creutair’.

Gnìomh buidhne

Seasaidh sibh ann an cearcall beag. Can ris a’ chloinn, “Dèanaibh mar a tha mise a’ dèanamh”.

Èist ri faclan an òrain agus thoir gnogadh beag dha na diofar phàirtean dhed aodann nuair a tha sibh a’ seinn mun deidhinn. Gnog air mullach do chinn ris a’ cheòl nuair a tha sibh a’ seinn ‘An ceann a h-uile creutair’.

Nuair a sheinneas sibh ‘corrag bheag is òrdag mhòr’, cuir aon làmh a-steach a mheadhan a’ chearcaill agus gluais do lùdag a-null ’s a-nall. Bu chòir lùdag gach duine a bhith a’ gluasad a-null ’s a-nall ann am meadhan a’ chearcaill. Nuair a tha sibh a’ seinn ‘òrdag mhòr’ cuir do làmh eile a-steach dhan chearcaill agus gluais d’ òrdag a-null ’s a-nall.

Gluais do chorragan gu lèir a-null ’s a-nall ann am meadhan a’ chearcaill nuair a tha sibh a’ seinn ‘Air làimh a h-uile creutair’.

Group Activity

Stand in a small circle. Listen and follow the words of the song, gently patting the parts of your face as you sing about them. Tap the top of your head in time to the music as you sing 'An ceann a h-uile creutair'.

When you sing 'corrag bheag', move one hand towards the middle of the circle and wiggle your little finger. Everyone's little fingers should be wiggling in the middle of the circle. As you sing 'òrdag mhòr' move your other hand and wiggle your thumbs in the middle of the circle.

Wiggle all your fingers in the middle of the circle as you sing 'Air làimh a h-uile creutair'.

Cà' bheil do shùilean? - Activity

Inbheach agus leanabh

Suidhidh sibh mu choinneamh a chèile fhad 's a tha sibh a' seinn an òrain. Can ris an leanabh, "Dèan thusa mar a tha mise a' dèanamh."

Cuir do làmhan air do shùilean agus an uair sin sgaoil a-mach iad, na boisean an-àird, nuair a tha thu a' seinn 'Cà' bheil do shùilean, do shùilean, do shùilean? '. Feuch an dèan thu seo ann an tìm ris a' cheòl. Comharraich do shùilean nuair a tha thu a' seinn 'Seall! Seo iad'.

Lean ort mar seo airson gach rann. Cuir do làmhan air do shròin agus an uair sin sgaoil a-mach iad, na boisean an-àird, nuair a tha thu a' seinn 'Cà' bheil do shròin, 's msaa. ' Comharraich do shròin airson 'Seall! Seo i'. Dèan an aon rud a-rithist airson 'do chluasan' agus 'do bheul', gan còmhdach agus gam foillseachadh le gnìomhan mòra fosgailte.

Adult and child

Sit facing each other as you sing the song.

Put your hands over your eyes and then open them out wide with palms facing upwards as you sing 'Cà' bheil do shùilean, do shùilean, do shùilean? '. Try to do this movement in time to the music. Point to your eyes as you sing 'Seall! Seo iad'.

Continue in the same way for each verse. Cover your nose and then open your hands wide with palms facing up as you sing 'Cà' bheil do shròin etc'. Point to your nose for 'Seall! Seo i'. Do the same again, covering and revealing with big open actions for ears and mouth.

Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall. A' chiad uair a nì sibh seo, bu chòir an t-inbheach seasamh ann am meadhan a' chearcaill agus na gluasadan a shealltainn nuair a tha sibh a' seinn an òrain. Aon uair 's gu bheil a' chlann eòlach, iarr air diofar leanabh(an) a tha deònach, seasamh sa mheadhan agus na gnìomhan a dhèanamh. Bidh a h-uile duine sa chearcall a' gabhail pàirt.

Seo na gnìomhan:

Cuir do làmhan air do shùilean agus an uair sin sgaoil a-mach iad, na boisean an-àird, nuair a tha thu a' seinn 'Cà' bheil do shùilean, do shùilean, do shùilean? '. Feuch an dèan thu seo ann an tìm ris a' cheòl. Comharraich do shùilean nuair a tha thu a' seinn 'Seall! Seo iad'.

Lean ort mar seo airson gach rann. Cuir do làmhan air do shròin agus an uair sin sgaoil a-mach iad, na boisean an-àird, nuair a tha thu a' seinn 'Cà' bheil do shròin, 's msaa.' Comharraich do shròin airson 'Seall! Seo i'. Dèan an aon rud a-rithist airson 'do chluasan' agus 'do bheul', gan còmhdach agus gam foillseachadh le gnìomhan mòra fosgailte.

Group activity

Stand in a circle. The first time you try this, the adult should stand in the middle of the circle and demonstrate the movements as you sing the song. Once familiar, ask for a different volunteer or volunteers to stand in the middle of the circle for each verse. Everyone else in the circle joins in.

Follow these actions:

Put your hands over your eyes and then open them out wide with palms facing upwards as you sing 'Cà' bheil do shùilean, do shùilean, do shùilean?'. Try to do this movement in time to the music. Point to your eyes as you sing 'Seall! Seo iad'.

Continue in the same way for each verse. Cover your nose with both hands and then open your hands wide with palms facing upwards as you sing 'Cà' bheil do shròin etc'. Point to your nose for 'Seall! Seo i'. Do the same again, covering and revealing with big open actions for ears and mouth.

Aon Chorràg Bheag - Activity

Inbheach agus leanabh

Lean faclan an òrain a' tòiseachadh le aon chorràg bheag. Gluais do chorràg, suas cho àrd 's a ghabhas, agus suath an làr agus an uair sin do ghlùin mar a tha ri chluinntinn anns an òran. Anns an ath rann tòisich le dà chorràg a' dèanamh nan aon ghnìomhan. Dèan seo gus mu dheireadh tha thu air na deich corragan a chleachdadh.

Adult and child

Follow the words of the song starting with one little finger. Wiggle your finger, point up high, then touch the ground and then put it on your knee as the song suggests. In the next verse start with 2 fingers doing the same movements and continue by adding a new finger with each verse until you have used all 10 fingers.

Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall fhad 's a tha sibh a' seinn. Leanaibh faclan an òrain a' tòiseachadh le aon chorràg bheag. Gluaisibh ur corrag, suas cho àrd 's a ghabhas, an uair sin suathaibh an làr, agus an uair sin ur glùin mar a tha ri chluinntinn anns an òran. Anns an ath rann tòisichibh le dà chorràg a' dèanamh nan aon ghnìomhan. Dèanaibh seo gus mu dheireadh tha sibh air na deich corragan a chleachdadh.

Group activity

Stand in a circle as you sing. Follow the words of the song starting with one little finger. Wiggle your finger, point up high, then touch the ground and then put it on your knee as the song suggests.

In the next verse start with 2 fingers doing the same movements and continue by adding a new finger with each verse until you have used all 10 fingers.

Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)

